

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Ulysses S. Grant ann an Alba

A special programme, in the form of a “letter”, designed for Gaelic learners who already have some knowledge of the language. A short vocabulary and comments on points of grammar and figures of speech are included with the text. If you have comments, Ruairidh can be contacted at rodny.macleon@bbc.co.uk. This is Litir 1,049. Note that there is also a simplified version called An Litir Bheag which is likewise available on the BBC website. Litir Bheag 745 corresponds to Litir 1,049.

Bidh fios agaibh gu bheil fear anns an Taigh Gheal ann am Washington DC an-dràsta aig a bheil sinnsireachd Albannach. Ach seo ceist dhuibh. Cò a’ chiad cheann-suidhe Ameireaganach a thàinig a dh’Alba? Uill, cha robh e na cheann-suidhe aig an àm. Bha e dìreach air a dhreuchd a leigeil seachad an dèidh ochd bliadhna anns an Taigh Gheal.

A bheil am fuasgladh agaibh? Ulysses S Grant. Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte eadar ochd ceud deug, seasgad ’s a naoi (1869) agus seachdad ’s a seachd (1877). Bha e air a bhith ainmeil mar shaighdear. Bha e os cionn Arm an Aonaidh anns a’ Chogadh Chatharra nuair a bha Abraham Lincoln na cheann-suidhe. Bha Lincoln air cuireadh a thoirt don Ghranndach agus a bhean Julia a dhol don taigh-chluiche còmhla riutha an oidhche a chaidh an ceann-suidhe a mhurt. Bha an Granndach fortanach gun do leig e an cothrom seachad oir bha e a’ dol a Philadelphia.

Goirid an dèidh don dàrna teirm aige mar cheann-suidhe thighinn gu ceann, dh’fhalbh Grann, a bhean agus am mac, a bha naoi bliadhna deug a dh’aois, air turas **air feadh an t-saoghail**. Bha iad air falbh airson dà bhliadhna gu leth agus choinnich iad ri daoine cliùiteach, leithid na Banrigh Bhictoria, a’ Phàp agus Tsar na Ruis.

Ràinig iad Alba air an latha mu dheireadh dhen Lùnastal agus fhuair iad fàilte mhòr oir bha sinnsireachd Albannach aig a’ Ghranndach air gach taobh de a theaghlach. Chaidh iad a Chaisteal Dhùn Èideann agus cuideachd a dh’Abbotsford anns na Crìochan – **an t-seann dachaigh** aig an sgrìobhadair ainmeil, Sir Bhaltair Scott. Bha Grann uabhasach dèidheil air na leabhraichean aig Scott. Chaidh e cuideachd a dh’Inbhir Àir oir bha e measail mar an ceudna air sgrìobhadh Raibeirt Burns.

Ràinig iad Inbhir Nis air an ochdamh latha dhen t-Sultain, agus bha coinneamh phoblach ann an Talla a’ Chiùil air Sràid an Aonaidh far an do bhuilich a’ Chomhairle Saorsa a’ Bhaile air. B’ esan a’ chiad Ameireaganach riamh air an deach an t-urram sin a bhuileachadh. Ach an robh an Granndach fhèin toilichte mu dheidhinn? Tha e doirbh a ràdh. A rèir choltais, bha e a’ fàs sgìth de bhith a’ coinneachadh ri srainnsearan agus a’ breith air an làmhan, agus thuirt e sin turas no dhà.

Chaidh e a thadhal air a’ Mhorair Chat ann an Dùn Robain ach dhiùlt e cothrom a dhol a shealg an sin. Eucoiltach ri gu leòr de chinn-suidhe Ameireaganach, cha robh e na shealgair.

Bha ùidh aig a’ Ghranndach ann an teicneòlas. Mar sin, bha e inntinneach dha a bhith a’ faicinn nan crann-smùide aig a’ Mhorair Chat a bha an t-uachdaran an dòchas

a leigeadh leis mòintich Chataibh a leasachadh airson àiteachas. Aig a' cheann thall cha robh iad soirbheachail.

Agus chaidh e a Dhùn Dè airson an drochaid as fhaide anns an t-saoghal fhaicinn – an tè thar Linne Thatha nach robh buileach deiseil aig an àm. Dà bhliadhna an dèidh sin, bhiodh an drochaid a' tuiteam ann an stoirm, ag adhbharachadh bàs seachdad 's a còig duine.

Agus ciamar a chòrd Alba ris? Chan eil mi cinnteach. Gu mì-fhortanach, cha d' fhuair e cothrom a dhol a Bhaile nan Granddach. Agus co-dhiù, a rèir choltais, 's e Iapan a b' fheàrr a chòrd ris am measg dhùthchannan an t-saoghail.

* * * * *

Faclan na Litreach: Ceann-suidhe nan Stàitean Aonaichte: *The President of the United States*; cliùiteach: *famous, renowned*; na Crìochan: *the Borders*; Dùn Robain: *Dunrobin*; teicneòlas: *technology*; crann-smùide: *steam-plough*; soirbheachail: *successful*; Baile nan Granddach: *Grantown on Spey*.

Abairtean na Litreach: gu bheil fear anns an Taigh Gheal aig a bheil sinnsireachd Albannach: *that there is a man in the White House who has Scottish ancestry*; bha e dìreach air a dhreuchd a leigeil seachad: *he had just left his job*; os cionn Arm an Aonaidh anns a' Chogadh Chatharra: *in charge of the Union Army during the Civil War*; bha Lincoln air cuireadh a thoirt don Ghranndach agus a bhean: *Lincoln had invited Grant and his wife*; an latha mu dheireadh dhen Lùnastal: *the last day of August*; a dh'Inbhir Àir oir bha e measail mar an ceudna air sgrìobhadh Raibeirt Burns: *to Ayr because he was likewise keen on the writing of Robert Burns*; far an do bhuilich a' Chomhairle Saorsa a' Bhaile air: *where the Council bestowed the Freedom of the Town on him*; a rèir choltais: *apparently*; bha e a' fàs sgìth de bhith a' coinneachadh ri srainnsearan agus a' breith air an làmhnan: *he was getting fed up meeting with strangers and shaking their hands*; a thadhal air a' Mhorair Chat: *to visit the Duke of Sutherland*; dhiùlt e cothrom a dhol a shealg: *he refused an opportunity to go hunting*; eucoltach ri gu leòr de chinn-suidhe Ameireaganach, cha robh e na shealgair: *unlike plenty of American presidents, he was not a hunter*; a bha an t-uachdaran an dòchas a leigeadh leis mòintich Chataibh a leasachadh airson àiteachas: *that the laird hoped would allow him to develop the Sutherland peatlands for agriculture*; an tè thar Linne Thatha nach robh buileach deiseil aig an àm: *the one over the Tay that wasn't quite ready at the time*; a' tuiteam ann an stoirm, ag adhbharachadh bàs seachdad 's a còig duine: *falling in a storm, causing the death of 75 people*; 's e Iapan a b' fheàrr a chòrd ris am measg dhùthchannan an t-saoghail: *it's Japan that he most enjoyed among the countries of the world*.

Puing-chànain na Litreach: an t-seann dachaigh: *the old home*. Why is the t- in front of seann? Because dachaigh is feminine so the adjective preceding the noun takes on a feminine structure, and feminine nouns starting with 's' carry an intrusive t- after the article in the nominative singular case eg an t-seirbheis.

Gnàthas-cainnt na Litreach: air feadh an t-saoghail: *throughout the world*.

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA